



Matamataig – a bhuidh air an t-saoghal a bha, a tha agus a bhios

Teirmean	Eisimpleirean	Mìneachadh
<p>Siostam àireamhan Bhabalòinia</p>		<p>Cha robh e a' cleachdadh ach dà àireamh no samhla, le aon agus deich a' riochdachadh àireamhan.</p> <p>Dh'fhàs an siostam na bu dhuilghe le àireamhan nas motha agus chleachd iad siostam le bunait 60, seach an t-siostam againn de bhunait 10.</p>
<p>Siostam càraideach</p>		<p>Dìreach air a dhèanamh suas à 0an agus 1an. Chan eil 2,3,4,5,6,7,8 no 9 ann.</p> <p>Ann an àireamh chàraideach tha gach "àite" a' riochdachadh cumhachd 2 me.</p> <p> $1 = 2^0 = 1$ $10 = 2^1 = 2$ $100 = 2^2 = 4$ $1000 = 2^3 = 8$ $10000 = 2^4 = 16$ </p> <p>Tha àireamhan càraideach glè fheumail ann an siostaman eileagtronaigeach agus coimpiutair. A dh'aindeoin an t-seòrsa fiosrachaidh a tha air a riochdachadh, tha e uile air a stòradh mar phàtranan mìreil air a dhèanamh suas bho na figearan 1 no 0. 'S e sin, tha gach nì a tha air a stòradh air a' choimpiutair air a bhriseadh sìos aig a' cheann thall gun chruth as sìmplidhe, agus 's e sin pàtran de 1an agus 0an.</p>


Matamataig – a bhuidh air an t-saoghal a bha, a tha agus a bhios

<p>Siostam àireamhan deicheach</p>	<p style="text-align: center;">8307.5924</p> <p style="text-align: center;">← Gach ionad gu clì, tha an luach 10x nas motha. Gach ionad gu deas, tha an luach 10x nas lugha. →</p>	<p>An siostam àireamhan a bhios sinn a' cleachdadh gu làitheil, stèidhichte air 10 figearan (0, 1, 2, 3, 4, 5, 6, 7, 8, 9). Tha e aithnichte cuideachd mar shiostam 'bunait 10'. Tha luach an fheigir an urra ri far a bheil e suidhichte san àireamh. Canar luach a rèir àite ris an seo. Tha neoni air a cleachdadh mar ghleidheadair àite a tha a' toirt buaidh air luach na h-àireimh, me. 102 agus 1002 – tha an 0 ag atharrachadh luach na h-àireimh gu cudromach.</p>
<p>Siostam àireamhan Èipheiteach</p>	<p>Samhlaidhean Àireamhan Èipheiteach Deicheach</p> <p>1 = Bata</p> <p>10 = ∩ Cnàimh sàile</p> <p>100 = 9 Cuidheall ròpa</p> <p>1000 = ⚡ Flùr lòtas</p> <p>10 000 = ✍ Meur a' puingeachadh</p>	<p>Samhlaidhean agus hieroglyphics. Bha samhla ann airson gach cumhachd de dheich agus bha na h-àireamhan sgrìobhte bho dheas gu clì.</p>

Matamataig – a bhuidh air an t-saoghal a bha, a tha agus a bhios


	 <p>The first image shows tally marks for 100, 200, 300, 400, 500, and 1000. The second image shows tally marks for 1, 2, 3, 4, 10, 20, 30, and 40.</p>	
<p><u>Matamataigearan ainmeil</u></p>		<p>Daoine a tha air cur gu cudromach ris a' chomann-shòisealta tro chleachdadh tùrail is cruthachail air matamataig. Tha matamataigearan ainmeil air pàirt mhòr a choileanadh ann an cumadh an t-saoghail againn mar a tha e an-diugh.</p>
<p><u>Òrdugh Fibonacci</u></p>		<p>Air a lorg le bhith a' cur-ris an dà àireamh roimhe còmhla. me. 0, 1, 1, 2, 3, 5, 8, 13, 21, 34...</p> <p>Tha 2 ga lorg le bhith cur-ris an dà àireamh roimhe (1+1).</p> <p>Tha 5 ga lorg le bhith cur-ris an dà àireamh roimhe (2+3).</p> <p>Tha 8 ga lorg le bhith cur-ris an dà àireamh</p>

Matamataig – a bhuidh air an t-saoghal a bha, a tha agus a bhios

		<p>roimhe ((3+5).</p> <p>Tha 13 ga lorg le bhith cur-ris an dà àireamh roimhe (8+5)</p> <p>Tha 21 ga lorg le bhith cur-ris an dà àireamh roimhe (8+13)</p> <p>Is i 55 (21+34) an ath àireamh a bhiodh san òrdugh gu h-àrd.</p> <p>Tha mòran raointean de nàdar anns am faodar òrdugh Fibonacci a lorg agus am measg cuid de na raointean sin tha flùr-bhileagan, planntais, measan, an t-aodann daonna, an làmh dhaonna agus beathaichean ('s e sin, coineanaich).</p> <p>Stèidhich Leonardo Bonacci, aithnichte mar Fibonacci, an t-òrdugh agus mar sin chaidh ainmeachadh às a dhèidh.</p>																																																						
<p>An siostam àireamhan Greugach</p>	 <table border="1" data-bbox="483 858 887 1409"> <tr><td>1</td><td>α</td><td>10</td><td>ι</td><td>100</td><td>ρ</td></tr> <tr><td>2</td><td>β</td><td>20</td><td>κ</td><td>200</td><td>σ</td></tr> <tr><td>3</td><td>γ</td><td>30</td><td>λ</td><td>300</td><td>τ</td></tr> <tr><td>4</td><td>δ</td><td>40</td><td>μ</td><td>400</td><td>ν</td></tr> <tr><td>5</td><td>ε</td><td>50</td><td>ξ</td><td>500</td><td>ϕ</td></tr> <tr><td>6</td><td>ς</td><td>60</td><td>ς</td><td>600</td><td>χ</td></tr> <tr><td>7</td><td>ζ</td><td>70</td><td>ο</td><td>700</td><td>ψ</td></tr> <tr><td>8</td><td>η</td><td>80</td><td>π</td><td>800</td><td>ω</td></tr> <tr><td>9</td><td>θ</td><td>90</td><td>ϑ</td><td>900</td><td>λ</td></tr> </table>	1	α	10	ι	100	ρ	2	β	20	κ	200	σ	3	γ	30	λ	300	τ	4	δ	40	μ	400	ν	5	ε	50	ξ	500	ϕ	6	ς	60	ς	600	χ	7	ζ	70	ο	700	ψ	8	η	80	π	800	ω	9	θ	90	ϑ	900	λ	<p>Bha 27 samhla ann aig an toiseach. Tha am facal “aibideil” againn fhìn a’ tighinn bhon chiad dà litir, no àireamhan den aibideil Ghreugaich -- "alpha" agus "beta." Bha litrichean Greugach gan cleachdadh cuideachd airson àireamhan Greugach a sgrìobhadh. Bha a’ chiad naoi litrichean (bho alpha gu theta) air an cleachdadh airson nan àireamhan 1 gu 9. Bha an ath naoi litrichean (bho iota gu koppa) air an cleachdadh airson iomadan de 10 bho 10 gu 90. Mu dheireadh, bha an ath naoi litrichean (bho rho gu sampi) air an cleachdadh airson 100 gu 900. Mar eisimpleir, is iad na h-àireamhan 1, 2, agus 3 alpha, beta, agus gamma.</p>
1	α	10	ι	100	ρ																																																			
2	β	20	κ	200	σ																																																			
3	γ	30	λ	300	τ																																																			
4	δ	40	μ	400	ν																																																			
5	ε	50	ξ	500	ϕ																																																			
6	ς	60	ς	600	χ																																																			
7	ζ	70	ο	700	ψ																																																			
8	η	80	π	800	ω																																																			
9	θ	90	ϑ	900	λ																																																			

Matamataig – a bhuidh air an t-saoghal a bha, a tha agus a bhios

Teòram Pythagoras



Ann an triantan ceart-cheàrnach, tha ceàrnag an taoibh fhaide co-ionann ri sùim cheàrnagan an dà thaoibh eile. Tha e air aithris san fhoirmle seo:

$$a^2 + b^2 = c^2$$

Chaidh Teòram Pythagoras a chur air bhonn le Pythagoras à Samos, feallsanaiche agus matamataigear Greugach.

Matamataig – a bhuidh air an t-saoghal a bha, a tha agus a bhios

<p>Figearan Ròmanach</p>	<table border="1"> <thead> <tr> <th>Àireamh Bunait 10</th> <th>Àireamh Ròmanach</th> <th>Àireamh Bunait 10</th> <th>Àireamh Ròmanach</th> </tr> </thead> <tbody> <tr> <td>1</td> <td>I</td> <td>10</td> <td>X</td> </tr> <tr> <td>2</td> <td>II</td> <td>20</td> <td>XX</td> </tr> <tr> <td>3</td> <td>III</td> <td>30</td> <td>XXX</td> </tr> <tr> <td>4</td> <td>IV</td> <td>40</td> <td>XL</td> </tr> <tr> <td>5</td> <td>V</td> <td>50</td> <td>L</td> </tr> <tr> <td>6</td> <td>VI</td> <td>60</td> <td>LX</td> </tr> <tr> <td>7</td> <td>VII</td> <td>70</td> <td>LXX</td> </tr> <tr> <td>8</td> <td>VIII</td> <td>80</td> <td>LXXX</td> </tr> <tr> <td>9</td> <td>IX</td> <td>90</td> <td>XC</td> </tr> <tr> <td>10</td> <td>X</td> <td>100</td> <td>C</td> </tr> </tbody> </table>	Àireamh Bunait 10	Àireamh Ròmanach	Àireamh Bunait 10	Àireamh Ròmanach	1	I	10	X	2	II	20	XX	3	III	30	XXX	4	IV	40	XL	5	V	50	L	6	VI	60	LX	7	VII	70	LXX	8	VIII	80	LXXX	9	IX	90	XC	10	X	100	C	<p>Bha figearan Ròmanach air an cleachdadh leis na Ròmanaich Àrsaidh ach tha sinn uaireannan gan cleachdadh san latha an-diugh, me. chithear iad air cuid de ghleocaichean analog no às dèidh ainmean rìghrean no barrighrean, me. Eanraig VIII (a' ciallachadh Eanraig an gmh).</p> <p>Tha figearan Ròmanach a' cleachdadh litrichean an àite àireamhan. Tha seachd litrichean air am feum fios a bhith agaibh:</p> <p>I = 1 V = 5 X = 10 L = 50 C = 100</p>
Àireamh Bunait 10	Àireamh Ròmanach	Àireamh Bunait 10	Àireamh Ròmanach																																											
1	I	10	X																																											
2	II	20	XX																																											
3	III	30	XXX																																											
4	IV	40	XL																																											
5	V	50	L																																											
6	VI	60	LX																																											
7	VII	70	LXX																																											
8	VIII	80	LXXX																																											
9	IX	90	XC																																											
10	X	100	C																																											
<p>STEM</p>		<p>Tha STEM a' seasamh airson Saidheans, Teicneòlas, Einnseanaireachd agus Matamataig.</p>																																												